

Leasachadh
Sgilean na
h-Alba

Skills Development Scotland

Plana Gàidhlig

Dàrna eagan

2017 – 2020



Chaidh am Plana seo a dheasachadh fo earrainnean 3 agus 7 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 8 Màrt 2017.

Facal Toisich

Mar Cheannard Leasachadh Sgilean na h-Alba, tha mi toilichte an dàrna eagraan den Phlana Ghàidhlig againn a thoirt am follais.

Tha dleastanas reachdail air Leasachadh Sgilean na h-Alba fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 pàirt a ghabhail ann a bhith a' cur a' chànain air adhart. Leis an dàrna eagraan den Phlana Ghàidhlig againn, tha sinn air slighe shoilleir, cho-òrdanaichte, ro-innleachdail a dhealbh a tha a' togail air na buannachdan susbainteach a shaoileas sinne a tha sinn air coileanadh mar-thà a thaobh leasachadh togail agus cleachdadh na Gàidhlig air feadh na h-Alba agus san àite-obrach againn fhìn. Tha sinn ag aithneachadh gur e fìor chothrom a tha seo do SDS obair còmhla ri compàirtichean mar thosgairan a' chànain agus cùrsa a stiùireadh don Ghàidhlig a leanas mòran nas fhaide na trì bliadhnaichean a' phlana leasachaidh seo.

Am measg nan àrd-amasan a shònraich Bòrd na Gàidhlig dhuinn ann an aonta le Riaghaltas na h-Alba tha:

- gach seirbheis is goireas Gàidhlig a' nochdadh co-ionannachd spèis don Ghàidhlig agus don Bheurla
- seirbheisean agus goireasan Gàidhlig a thairgsinn gu for-ghnìomhach
- cumail ris na dealasan uile a thug sinn bhon chiad eagraan den Phlana Ghàidhlig againn.

Tha am Plana seo a' stèidheachadh structar foirmeil airson ar taic don Ghàidhlig, le iomairtean ùra agus targaidean soilleir a ghabhas a thomhas agus a nochdas dealas Leasachadh Sgilean na h-Alba airson cànan agus cultar na Gàidhlig.

Damien Yeates
Ceannard
Leasachadh Sgilean na h-Alba

Clàr-innse

Plana Gàidhlig	1
Dàrna eagraan	1
Facal Toisich	2
Geàrr-chunntas	4
Ro-ràdh	7
Mu Leasachadh Sgilean na h-Alba	7
The Achd na Gàidhlig (Alba) 2005	9
Co-chomhairle agus Aontachadh Plana Gàidhlig Leasachadh Sgilean na h-Alba	9
Gàidhlig ann an Alba	9
Gàidhlig ann an obair Leasachadh Sgilean na h-Alba	10
Ar n-obair ann an sgoiltean	11
Ar n-obair le luchd-fastaidh	12
Àbhaisteachadh na Gàidhlig	12
Cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Leasachadh Sgilean na h-Alba	12
Am Plana Gàidhlig anns an Structar Chorparras	13
Dleastanas airson a' Phlana	14
Dealas do Amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig	15
Raon leasachaidh – foghlam: sgoiltean agus tidsearan	15
Raon leasachaidh - foghlam: às dèidh an sgoil fhàgail	16
Raon leasachaidh – coimhearsnachdan	16
Raon leasachaidh – àite-obrach	17
Raon leasachaidh: ealain agus meadhanan	17
Dealasan Plana Gàidhlig SDS 2017 - 2020	19
Àrd-dhealasan	19
Dealasan Ìre Seirbheis	22
Faicsinneachd	23
Luchd-obrach	24
Obair Làitheil	26
Conaltradh	28
Corpas	30
Buileachadh agus Dearcnachadh	31
Clàr-ama	31
Togail Aire mun Phlana	31
Seirbheisean gan Lìbhrigeadh le Buidhnean Eile	31
Maoineachadh a' Phlana	31
Deircneachadh air Buileachadh a' Phlana	31
Eàrr-ràdh 1: Suirbhidh Ghàidhlig Luchd-obrach SDS	32
Gu dè an uiread as urrainn dhut Gàidhlig a bhruidhinn? – A rèir Roinne	32
Gu dè an uiread as urrainn dhut Gàidhlig a leughadh? – A rèir Roinne	32
Gu dè an uiread as urrainn dhut Gàidhlig a sgrìobhadh? – A rèir Roinne	33
Dè cho tric 's a chleachdas tu Gàidhlig nuair a tha thu ag obair còmhla ri luchd-dèiligidh agus/no compàirtichean agus luchd-leasa? – A rèir Roinne	33
Am bu toil leat a dhol gu seisean Aire mun Ghàidhlig? – Luchd-obrach uile (n=502)	34
Am bu toil leat cothrom a ghabhail beagan Gàidhlig ionnsachadh no fàs nas fileanta sa Ghàidhlig? – Luchd-obrach Uile	34
Eàrr-ràdh 2: Mapa Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) ann an Alba	35

Geàrr-chunntas

Ro-ràdh

Is e buidheann sgilean nàiseanta na h-Alba a th' ann an Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS), a' cuimseachadh air cur ri fàs seasmhach eaconamach na h-Alba le bhith a' cuideachadh dhaoine agus ghnòthaichean gus an cuid sgilean a leasachadh agus a chur an sàs. Tha sinn ag obair còmhla ri compàirtichean aig ìre nàiseanta, roinneil agus ionadail gus dùthaich a chruthachadh far a bheil:

- luchd-fastaidh a' faighinn air na daoine ceart fhasadh leis na sgilean ceart aig an àm cheart
- àiteachan-obrach aig luchd-fastaidh a tha dèanadach, torrach, cothromach agus co-ionnan
- na sgilean agus a' mhisneachd aig daoine gus deagh obair fhaighinn agus adhartas math a dhèanamh nan dreuchd
- barrachd co-ionnanachd chothroman do na h-uile.

Seo Plana Gàidhlig SDS ('am Plana againn') a chaidh a dheasachadh ann am frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a rèir Plana Nàiseanta Cànain na Gàidhlig (PNCG) agus an stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig. Tha e ag innse ciamar a chleachdas sinn Gàidhlig ann an coileanadh na h-obrach againn, ciamar a nì sinn cinnteach gun gabh Gàidhlig a chleachdadh ann an conaltradh ris a' phoball agus prìomh luchd-compàirt, agus ciamar a chuireas sinn air adhart, agus a leasaicheas sinn, Gàidhlig taobh a-staigh SDS.

Is e seo dàrna eagraan a' Phlana againn, airson na h-ùine 2017 – 2020. Tha e a' togail air na chaidh ionnsachadh bho a bhith a' cur a' chiad Phlana an gnìomh agus tha cinn-uidhe nas àrd-mhiannaich agus practaigiche ann airson SDS san àm ri teachd.

Gàidhlig agus SDS

Tha lìonra de dh'ionadan inntigridh poblach aig SDS le taic bho phrìomh oifisean roinneil agus nàiseanta. Tha an lìonra a' sgaoileadh do àiteachan a tha aithnichte mar sgìrean le barrachd luchd-labhairt na Gàidhlig annta anns an Iar-thuath agus Glaschu, cho math ri àiteachan far nach eil mòran Gàidhlig ga cleachdadh agus nach eil ach beagan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, no far a bheil FMG ga leasachadh an-dràsta. Air sgàth gu bheil SDS ag obair fad is farsaing air feadh na h-Alba, tha sinn ann an deagh shuidheachadh taic a thoirt do ghnìomhan ann an sgìrean Gàidhlig traidiseanta agus airson togail agus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh far nach eil ùidh sa chànan cho làidir.

Ann an 2011, bha sgilean cànain air choireigin sa Ghàidhlig aig 87,100 neach aois 3 agus nas sine ann an Alba (1.7 sa cheud den t-sluagh). Às an 87,100 daoine seo bha:

- 32,400 (37 sa cheud) le làn chomas sa Ghàidhlig, sin, b' urrainn dhaibh a tuigsinn, a bruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh
- 57,600 (66 sa cheud) a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn
- 6,100 (7 sa cheud) a b' urrainn Gàidhlig a leughadh agus/no a sgrìobhadh ach nach b' urrainn a bruidhinn
- 23,400 (27 sa cheud) a b' urrainn Gàidhlig a thuigsinn ach nach b' urrainn a bruidhinn, a leughadh no sgrìobhadh.

Tron chiad bhliadhna den Phlana seo, a rèir nan àrd-amasan againn, bidh sinn ag obair còmhla ri compàirtichean gus dàta mun mhargaidh cosnaidh fhaighinn a leigeas leinn sgilean Gàidhlig an t-sluaigh a thuigsinn, gus a bhith cinnteach gu bheil na prìomhachasan freagarrach againn airson leasachadh seirbheis.

Sheall suirbhidh na Gàidhlig 2016 aig SDS gu bheil:

- 16 sa cheud de luchd-obrach SDS as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn gu ìre
- 11 sa cheud as urrainn Gàidhlig a leughadh gu ìre
- 7 sa cheud as urrainn Gàidhlig a sgrìobhadh gu ìre.

Is ann san sgìre obrach 'SDS a-Tuath', a tha a' gabhail a-steach sgìrean Ughdarras Ionadail Earra-Ghàidheal is Bhòid, nan Eilean Siar, na Gàidhealtachd, Moireibh, Arcaibh is Sealtainn, a tha a' chuid as motha de luchd-labhairt, luchd-sgrìobhaidh agus luchd-leughaidh na Gàidhlig. Is e SDS a-Tuath cuideachd an sgìre far as àirde an t-iartras airson sheirbheisean sa Ghàidhlig.

Tha dleastanas reachdail air SDS, mar a tha ga shònrachadh ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus tha Plana Corporra SDS 2015-2020 a' toirt luaidh air uallach a thaobh na Gàidhlig. Ged a tha barrachd uallaich air cuid de dhaoine airson am Plana a chumail agus a chur an gnìomh, tha àite aig luchd-obrach SDS uile a thaobh gnìomhan a' Phlana a libhrigeadh.

Adhartas gu ruige seo agus prìomhachasan san àm ri teachd

Tha am Plana againn a' nochdadh ar dealas airson Plana Nàiseanta Cànain na Gàidhlig (PNCG) 2012/2017 agus a' cruthachadh gnìomhan a bhuineas ri Raointean Leasachaidh PNCG far an urrainn dhuinn a' bhuaidh as motha a thoirt gu buil. Is iad seo:

- foghlam: sgoiltean agus tidsearan
- foghlam: às dèidh an sgoil fhàgail
- coimhearsnachdan
- àite-obrach
- ealain agus meadhanan.

Mar thoradh air a' chiad Phlana Ghàidhlig againn, tha SDS air:

- goireasan lìn a chruthachadh gus dreuchdan Gàidhlig a thoirt am follais, gu h-àraidh tron làraich-lìn An Saoghal Obrach Agam. Faodaidh an làrach a-nis dreuchdan bàna a shealltainn aig a bheil ceangal air choireigin ris a' Ghàidhlig
- innealan Gàidhlig a stèidheachadh tron ghoireas lìn a-staigh againn 'Connect'
- fiosrachadh a thoirt do cho-obraichean tro Connect mu thachartasan no cùisean le ceangal don Ghàidhlig
- sreath thachartasan air dreuchdan Gàidhlig a chur air dòigh air feadh na dùthcha, a tha a-nis air a bhith a' ruith 3 bliadhna
- sreath thachartasan Aire mun Ghàidhlig a libhrigeadh do luchd-obrach air feadh na dùthcha
- stuthan sanasachd is taisbeanaidh a chruthachadh sa Ghàidhlig a sgaoil sinn do sgoiltean Gàidhlig, agus a sheall sinn aig tachartasan dhreuchdan agus tachartasan eile SDS
- airgead a thoirt, còmhla ri compàirtichean maoineachaidh eile, don Phrògram Ùlpan. Is e dòigh ionnsachaidh a th' ann an Ùlpan a chuireas cudrom air bruidhinn a' chànan.
- branndadh dà-chànanach a chruthachadh agus a chleachdadh.

Tha sinn leagte air an dàrna eagraan den Phlana againn a libhrigeadh thar nan trì bliadhna ri thighinn agus bheir sinn air adhart gnìomhan sam bith bhon chiad Phlana a tha fhathast ri choileanadh no a dh'fheumas cumail a' dol.

Is iad na prìomh ghnìomhan air am bi SDS a' cuimseachadh san dàrna eagraan den Phlana againn:

- a bhith air thùs ann an leasachadh Phreantasachdan Bunachaidh Gàidhlig, a' cleachdadh fhrèaman-obrach a th' ann mar-thà a tha gan libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, ann an raointean far a bheil feum orra aithnichte, leithid Slàinte agus Cùram Sòisealta agus Cùram-cloinne
- a bhith air thùs ann an leasachadh Phreantasachdan Ùr-nòsach Gàidhlig, a' cleachdadh fhrèaman-obrach a th' ann mar-thà a tha gan libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, ann an raointean far a bheil feum orra aithnichte, leithid Slàinte agus Cùram Sòisealta agus Cùram-cloinne agus na Gnìomhachasan Cruthachail
- ar seirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgoiltean a leudachadh, a' cleachdadh ar luchd-obrach aig a bheil comas sa Ghàidhlig
- obair còmhla ri compàirtichean anns an fhrèam-obrach LMI, fo stiùir Bhòrd na Gàidhlig, gus am fiosrachadh as ùire a thrusadh mun mhargaidh cosnaidh Ghàidhlig, a rèir mholaidhean na Ro-innleachd air Ionnsachadh Gàidhlig Inbheach
- leasachadh susbainteach a thoirt air goireasan lìn Gàidhlig do sgoilearan agus tidsearan agus obair gus goireasan lìn Gàidhlig do sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a leudachadh mar a sgaoileas sinn ar stuthan didseatach do sgoilearan P5-P7
- dreuchdan Gàidhlig chur air adhart ann an sreath thachartasan dhreuchdan air feadh na dùthcha
- cuideachadh leis an Ro-innleachd air Ionnsachadh Gàidhlig Inbheach a chur an gnìomh tro obair compàirteachais air feadh na dùthcha
- obair gu dlùth le Sabhal Mòr Ostaig agus Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA) gus stuthan Gàidhlig a chruthachadh
- obair còmhla ri HIE agus compàirtichean eile gus cur gu gnìomhach ris a' Chompàirteachas Nàiseanta air Gàidhlig mar Stòras
- togail aire mun Ghàidhlig taobh a-staigh SDS.

Chithear gnìomhan mionaideach a dh'ionnsaigh ar [Àrd-dhealasan](#) agus [Dealasan Ìre Seirbheis](#) air td **19** gu **30** den Phlana seo.

Buileachadh agus Dearcnachadh

Bidh am Plana Gàidhlig an èifeachd gu foirmeil rè trì bliadhna bhon latha a fhuair e aonta bho Bhòrd na Gàidhlig. Mus tig an t-àm seo gu crìoch nì sinn ath-bhreithneachadh air a' Phlana, agus nì sinn atharrachadh sam bith a tha iomchaidh, agus cuiridh sinn e don Bhòrd airson aonta.

Tha, no bidh, a' mhòr-chuid de ghnìomhan ainmichte sa Phlana seo air an toirt a-steach agus air am maoineachadh tro bhuidseat SDS le aonta an luchd-urrais, Riaghaltas na h-Alba. Faodar maoineachadh a shireadh bhon taobh a-muigh airson phròiseactan fa leth leithid stuthan sanasachd Gàidhlig, agus goireasan Gàidhlig a bharrachd airson ionnsachadh agus togail-aire luchd-obrach.

Bidh Leasachadh Sgìlean na h-Alba a' dearcnachadh air buileachadh a' Phlana tro aithris chunbhalach do Àrd Sgioba Riaghlaidh SDS.

Ro-ràdh

Mu Leasachadh Sgilean na h-Alba

Is e buidheann sgilean nàiseanta na h-Alba a th' ann an Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS), a' cuimseachadh air cur ri fàs seasmhach eaconamach na h-Alba le bhith a' cuideachadh dhaoine agus ghnothaichean gus an cuid sgilean a leasachadh agus a chur an sàs. Tha sinn ag obair còmhla ri compàirtichean aig ìre nàiseanta, roinneil agus ionadail gus dùthaich a chruthachadh far a bheil:


- luchd-fastaidh a' faighinn air na daoine ceart fhastadh leis na sgilean ceart aig an àm cheart
- àitichean-obrach dèanadach, torrach, cothromach agus co-ionnan aig luchd-fastaidh
- na sgilean agus a' mhisneachd aig daoine gus deagh obair fhaighinn agus adhartas math a dhèanamh nan dreuchd
- barrachd co-ionnannachd chothroman do na h-uile.

Bidh sinn a' dèanamh seo le bhith a' libhrigeadh sheirbheisean do daoine fa leth agus luchd-fastaidh gus an coilean iad an àrd-mhiann. Le compàirteachasan làidir a thogail le luchd-solair, luchd-maoineachaidh agus an fheadhainn a bheir buaidh air foghlam agus trèanadh, tha sinn a' cuimseachadh air prògraman a libhrigeadh a bheir piseach air coimhearsnachdan agus air eaconamaidh na h-Alba. Tha tasgadh anns na sgilean ceart, aig an àm cheart agus anns an àite cheart aig cridhe ar n-oidhirp gus taic a thoirt do choileanadh pearsanta, cho math ri fàs ghnothaichean agus na h-eaconamaidh, agus ri Alba a bhith a' fàs nas cothromaiche.

Còmhla ri compàirtichean, tha sinn a' cur air adhart dealbhadh agus leasachadh sgilean, mar a tha ga mhineachadh anns a' Mhodail Planadh Sgilean, Ìomhaigh 1. Tro bharrachd cudrom air ionnsachadh san obair, tha sinn ag amas air leasachadh a thoirt air freagairt foghlaim agus trèanaidh do fheumalachdan gnìomhachais agus dèanamh cinnteach gu bheil an cothrom as fheàrr aig daoine a bhith soirbheachail ann an saoghal na h-obrach.

Ìomhaigh 1: Am Modail Planadh Sgilean

Am Modail Planadh Sgilean
Sgilean Èifeachdach do dh'Alba



Tha dòigh-obrach a' mhodail planadh sgilean na chùl-taice do leasachadh agus libhrigeadh ar prìomh bhathar agus seirbheisean. Is iad seo:

- taic do luchd-fastaidh gus luchd-obrach sgileil a thrusadh, a leasachadh agus a dhealbh tro sgioba a dh'aon ghnòthach do luchd-fastaidh, agus seirbheis lìn air sgilean, [Our Skillsforce](#)
- [Preantasachdan Ùr-nòsach](#) – dòigh stèidhichte agus soirbheachail air ionnsachadh san obair a leigeas le gnòthaichean luchd-obrach ùra agus luchd-obrach a th' aca mar-thà a thrèanadh a rèir inbhean-gnìomhachais aithnichte, agus cothroman airson ionnsachadh san obair a leudachadh barrachd. Tha sligheachan eile airson ionnsachadh san obair a-nis a' cur taic ris na preantasachdan seo ann an 'teaghlach phreantasachdan' nas farsainghe:
 - [Preantasachdan Bunachaidh](#), modail ùr de dh'ionnsachadh san obair a thugadh a-steach ann an 2014/15, a' tabhann cothrom do sgoilearan sna bliadhnaichean as àirde san sgoil air ionnsachadh structarail dreuchdail
 - [Preantasachdan aig Ìre Ceumnachaidh](#) a' tabhann measgachadh de dh'ionnsachadh acadaimigeach agus ionnsachadh san obair aig àrd-ìre – thòisich sinn air dòighean eadar-dhealaichte a chur fo dheuchainn le compàirtichean ann am Foghlam Àrd-ìre as t-samhradh 2016
- [Apprenticeships.scot](#), an t-seirbheis lìn againn a tha a' cur taic ri ionnsachadh san obair agus a tha a' sanasachd nan cothroman a tha rim faighinn
- air thùs a' libhrigeadh [PACE](#) (Gnìomh Compàirteachais airson Fastadh Leantaileach), frèam-obrach ro-innleachdail nàiseanta Riaghaltas na h-Alba airson dèiligeadh ri anabharrachd agus a' cur taic ri Buidhnean-gnìomha Riaghaltas na h-Alba a chaidh a stèidheachadh gus dèiligeadh ri suidheachaidhean anabharrachd sònraichte
- togail [Sgilean Riaghladh Dreuchd](#) (CMS) tro sheirbheis na h-Alba airson fiosrachadh, comhairle agus stiùireadh mu dhreuchdan (CIAG) do gach aois air a libhrigeadh do sgoilearan, daoine a' fàgail na sgoile agus inbhich
- [An Saoghal Obrach Agam](#) – an t-seirbheis lìn aig SDS a tha a' tabhann measgachadh gun samhail do mhuinntir na h-Alba de dh'innealan, brìgh, agus fiosrachadh mu chosnaidhean, gus an cuideachadh a' leasachadh an sgilean riaghladh dreuchd agus faighinn a-mach barrachd mun deidhinn fhèin agus saoghal na h-obrach
- a' cuideachadh dhaoine gus cosnadh fhaighinn agus a chumail tro sgilean so-fhastachd agus sgilean dreuchdail a leasachadh sa mhodail libhrigidh ionadail – an [Stòras Fastachd](#) – a tha air a choimiseanachadh le compàirtichean, agus iomairtean fastachd eile.

Tha sinn fhathast a' cuimseachadh ar seirbheisean far a bheil am feum as motha orra, gu h-àraidh do dhaoine òga a tha a' strì gus gluasad gu ionnsachadh no obair. Tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean againn so-ruigsinn do na h-uile, agus tha sinn an còmhnaidh a' feuchainn ri tuigse nas fheàrr fhaighinn air na tha a' cur bacadh air buidhnean sònraichte a bhith a' gabhail pàirt, agus na bacaidhean sin a thoirt air falbh. Tha seo a' gabhail a-steach sìor aire air freagairtean didseatach a libhrigeadh gus iarrtas an luchd-dèiligidh a shàsachadh. Tha an dòigh a làimhsicheas sinn leasachadh sgioba-obrach agus innleachdas anns an àite-obrach mar chnàimh-droma don h-uile seirbheis againn, a' nochdadh, tha sinn an dùil, buannachdan cothromachd agus co-ionannachd san obair.

The Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh gabhail ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ('Ahd 2005') le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe thèarainte a dhaingneachadh don Ghàidhlig mar chànan oifigeil na h-Alba; le spèis cho-ionnan ris a' Bheurla.

Tha an Achd 2005 a' leigeil le Bòrd na Gàidhlig (prìomh bhuidheann leasachaidh na Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba) a chur mar fhiachaibh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a dhealbh gus dèanamh cinnteach gun gabh an roinn phoblach ann an Alba pàirt ann an seasmhachd a thoirt gu buil airson na Gàidhlig, le bhith a' togail a h-inbhe agus aire ma deidhinn agus a' cruthachadh chothroman practaigeach airson a cleachdadh.

Is i an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig SDS ('am Plana againn') a chaidh a dheasachadh ann am frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a rèir Plana Nàiseanta Cànan na Gàidhlig (PNCG) agus an stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig. Tha e ag innse ciamar a chleachdas sinn Gàidhlig ann an coileanadh na h-obrach againn, ciamar a nì sinn cinnteach gun gabh Gàidhlig a chleachdadh ann an conaltradh ris a' phoball agus prìomh luchd-compàirt, agus ciamar a chuireas sinn air adhart, agus a leasaicheas sinn, Gàidhlig taobh a-staigh SDS.

Is e seo dàrna eagraan a' Phlana againn, airson na h-ùine 2017 – 2020. Tha e a' togail air na chaidh ionnsachadh bho a bhith a' cur a' chiad Phlana an gnìomh agus tha cinn-uidhe nas àrd-mhiannaich agus practaigiche ann airson SDS san àm ri teachd.

Co-chomhairle agus Aontachadh Plana Gàidhlig Leasachadh Sgilean na h-Alba

Tha Achd 2005 ga chur mar fhiachaibh air buidheann poblach a bhith ag innse don h-uile duine le ùidh sa chùis gu bheil iad a' deasachadh Plana Gàidhlig. Rinn SDS co-chomhairle phoblach air dreachd a' Phlana againn agus ghabh sinn sùim do na freagairtean a fhuair sinn.

Bha an dreachd Phlana ri fhaighinn air an làraich-lìn againn airson 6 seachdainean bho 24^{mh} Lùnastal 2016. Chaidh aire a thogail ma dheidhinn air meadhanan sòisealta SDS, sgaoileadh e do phrìomh luchd-leasa agus chaidh iarraidh air muinntir a' phobaill beachdan a thoirt seachad air an dreachd air post-d. Cha d'fhuaras beachdan no ceistean sam bith air susbaint a' Phlana anns an àm co-chomhairle.

Fhuair am Plana seo aonta bho Bhòrd na Gàidhlig air 8^{mh} Màrt 2017.

Gàidhlig ann an Alba

A rèir cùinntas-sluaigh 2011, bha sgilean cànan air choireigin sa Ghàidhlig aig 87,056 neach aois 3 agus nas sine ann an Alba (1.7 sa cheud den t-sluaigh). Às an 87,056 daoine seo bha:

- 32,418 (37 sa cheud) le làn chomas sa Ghàidhlig, sin, b' urrainn dhaibh a tuigsinn, a bruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh
- 57,556 (66 sa cheud) a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn
- 6,100 (7 sa cheud) a b' urrainn Gàidhlig a leughadh agus/no a sgrìobhadh ach nach b' urrainn a bruidhinn
- 23,400 (27 sa cheud) a b' urrainn Gàidhlig a thuigsinn ach nach b' urrainn a bruidhinn, a leughadh no sgrìobhadh.

Is iad a' Ghàidhealtachd, agus na h-Eileanan Siar agus Baile Ghlaschu na sgìrean comhairle leis na h-àireamhan as motha de dhaoine le comas air choreigin sa Ghàidhlig; le faisg air dàrna leth (49%) den fheadhainn le comas sa Ghàidhlig san dùthaich gu lèir, agus 70.3% de dhaoine a chleachd Gàidhlig aig an taigh, a' fuireach anns na trì ùghdarrasan ionadail seo.

Bha a' cho-roinn de dhaoine aois 3 agus nas sine le comas air choreigin sa Ghàidhlig as àirde anns na h-Eileanan Siar (61%), a' Ghàidhealtachd (7%) agus Earra-Ghàidheal is Bòid (6%). Ann am Baile Ghlaschu bha e 1.7%, ionnan ris a' chuibheasachd nàiseanta. Às luchd-labhairt na Gàidhlig, thuir 40% gu robh iad a' cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh, ged a bha a' cho-roinn ag atharrachadh a rèir càite robh iad bho 22.1% gu 79.2% a rèir an uiread a bha Gàidhlig ga cleachdadh sa choimhearsnachd.

Nuair a bha comas air choreigin sa Ghàidhlig aig a h-uile h-inbheach san dachaigh, bha an tuiteamas comas labhairt sa Ghàidhlig a bhith aig clann 37.8% airson clann aois trì gu ceithir, 48.6% aig aois còig gu 11 agus 46.3% aig aois 12 gu 17. Ach, aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile bha a' bhuidheann as motha de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach ann an dachaigh far nach robh inbheach sam bith le comas idir sa Ghàidhlig (36.1% aig aois còig gu 11 agus 39.3% aig aois 12 gu 17).

Chaidh mòran fhoillseachadh anns na beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad mu na sochairean a thig bho dhà-chànanas, agus faodaidh togail agus cleachdadh sgilean cànan na Gàidhlig a bhith na chuideachadh do dhaoine fa leth agus do bhuidhnean. Tha e ga thuairmeas gur fhiach a' Ghàidhlig eadar £82m agus £149m mar stòras do eaconamaidh na h-Alba. Tha sinne mothachail air, agus toilichte cur air adhart, sgilean cànan na Gàidhlig mar inneal so-fhastachd a leanas gu grunn dhreuchdan ann an diofar roinnean. Tha buidhnean air feadh na h-Alba, leithid Comunn na Gàidhlig (CNAG), a' libhrigeadh raon sheirbheisean gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. Tha grunn dòighean ann Gàidhlig a leughadh agus gheibhear liosta shlàn de chùrsaichean air feadh na dùthcha air an làraich-lìn [Learngaelic](#).

Tha a' Ghàidhlig cuideachd air leth cudromach a thaobh cultar, gu h-àraidh a thaobh turasachd agus na gnìomhachasan cruthachail; a' gabhail a-steach cur air adhart tachartasan Gàidhlig leithid a' Mhòid Nàiseanta agus Mòdan ionadail, fèisean ciùil agus tachartasan cultarail eile a' tachairt air feadh na h-Alba leithid Celtic Connections agus Fèis Blas. Tha grunn bhuidhnean cultarail agus ealain leithid Fèisean nan Gàidheal, Comhairle nan Leabhraichean agus Tobair an Dualchais a bhios a' cur air adhart agus a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig anns na gnìomhachasan cruthachail.

Rè na ciad bhliadhna den Phlana seo, a rèir ar n-àrd-amasan, bidh sinn ag obair còmhla ri compàirtichean gus dàta Margaidh Cosnaidh fhaighinn a leigeas leinn sgilean Gàidhlig an t-sluaigh a leantainn, gus dèanamh cinnteach gu bheil am prìomhachas ceart ga chur air leasachadh seirbheis.

Gàidhlig ann an obair Leasachadh Sgilean na h-Alba

Tha lionra de dh'ionadan intrigidh poblach aig SDS le taic bho phrìomh oifisean roinneil agus nàiseanta. Tha an lionra a' sgaoileadh do àiteachan a tha aithnichte mar sgìrean le barrachd luchd-labhairt na Gàidhlig annta anns an Iar-thuath agus Glaschu, cho math ri àiteachan far nach eil mòran Gàidhlig ga cleachdadh agus nach eil ach beagan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, no far a bheil FMG ga leasachadh an-dràsta. Air sgàth gu bheil SDS ag obair fad is farsaing air feadh na h-Alba, tha sinn ann an deagh shuidheachadh taic a thoirt do ghnìomhan ann an

sgìrean Gàidhlig traidiseanta agus airson togail agus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh far nach eil ùidh sa chànan cho làidir.

Tha SDS mothachail air dualchas cliùiteach Gàidhlig na h-Alba agus an cothrom leasachaidh anabarrach mòr a th' ann ann an Alba fhèin agus ann an dùthchannan eile, ach tha sinn a' tuigsinn gum bu chòir am Plana againn a bhith freagarrach do gach àite a thathas ga chur an gnìomh. Tha an Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig a' ceadachadh 'leasachadh Phlanaichean Gàidhlig a tha ciallach agus tuigseach a thaobh suidheachaidhean àraid gach ùghdarras ionadail fa leth.' Air sgàth sin, cuiridh sinn prìomhachas air na gnìomhan againn ann an sgìrean far a bheil coimhearsnachdan agus cultar Gàidhlig nas stèidhichte agus nas faicsinneach, agus prìomhachas nas lugha ann an sgìrean far nach eil; sin, cuiridh sinn prìomhachas air coimhearsnachdan far a bheil 20% no nas motha den t-sluagh a' cleachdadh na Gàidhlig agus far a bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FMG) ga libhrigeadh.

Ar n-obair ann an sgoiltean

Bidh SDS a' libhrigeadh choinneamhan Comhairle agus Stiùireadh mu Dhreuchdan (CIAG) anns a h-uile h-àrd-sgoil ann an Alba, cho math ri bhith a' cruthachadh stuthan do thidsearan a chleachdas iad le clann nas sine sa bhun-sgoil (P5-P7). Ann an 2015-16 bha 15,987 leanabh ann am FMG agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air feadh na h-Alba, air a dhèanamh an-àirde mar a leanas:

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Alba (Tùs: Bòrd na Gàidhlig)	Àir. àiteachan libhrigidh	Àir. Thidsearan / Luchd-obrach	Àir. cloinne/sgoilearan
Aois 0-3 (Faoilleach 2016)	65 àiteachan	•	•
Sgoil-àraich (2015/16)	54 sgoil-àraich	147 luchd-obrach (81.7 FTE)	1,003 leanabh (ga shùileachadh)
Bun-sgoil (2015/16)	57 Bun-sgoil	192 tidsearan (168 FTE)	2,920 sgoilearan
Àrd-sgoil (2015/16)	30 Àrd-sgoil	89 tidsearan, a' libhrigeadh 21 cuspair	1,193 sgoilearan

Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig	Àir. Àiteachan libhrigidh	Àir. Àiteachan libhrigidh	Àir. Thidsearan / Luchd-obrach	Àir. cloinne/sgoilearan
Bun-sgoil (Clasaichean GLPS - 2015/16)	13	127 Bun-sgoil	162 luchd-obrach sgoile a' teagasg GLPS 6 comhairlean le tidsear gluasadach	7,029 sgoilearan
Bun-sgoil (Teagasg eile - 2015/16)	6	21 Bun-sgoil	-	1,004 sgoilearan
Àrd-sgoil (2015/16)	6	27 Àrd-sgoil	51 Tidsearan	2,838 sgoilearan

Tha mapa a' sealltainn far a bheil FMG ga libhrigeadh ann an Alba ann an [Eàrr-ràdh 2](#)

Tha SDS a' tuigsinn a dhleastanais a thaobh stuthan agus seirbheisean Gàidhlig a libhrigeadh tro sgoiltean agus bidh sinn a' leasachadh agus a' cur ri Sgìlean Riaghladh Dreuchd (CMS) cloinne agus òigridh aig a bheil Gàidhlig. Tron eagan seo den Phlana, bidh SDS ag obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig gus am miannan airson leudachadh agus leasachadh nam buidhnean seo a thuigsinn, airson faighinn a-mach ciamar as fheàrr a bheir sinn taic don obair aca.

Ar n-obair le luchd-fastaidh

Sa Chèitean 2014, dh'fhoillsich Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean (HIE) 'Ar Stòras Gàidhlig – luach eaconamach agus sòisealta na Gàidhlig'. Sheall prìomh thoraidhean an rannsachaidh:

- gun tuirtean còrr is dàrna leth de ghnìomhachasan is iomairtean a chaidh a cheasnachadh gu bheil Gàidhlig ga cleachdadh, no a' nochdadh, aig cridhe am prìomh ghnìomhan, bathar agus seirbheisean
- gum faodadh gu bheil luach eaconamach na Gàidhlig eadar £82m agus £149m ann an eaconamaidh na h-Alba
- gu bheil faisg air dà thrian de ghnìomhachasan a chaidh a cheasnachadh ag ràdh gu bheil a' Ghàidhlig meadhanach, glè, no uile gu lèir cudromach do shoirbheachadh a' ghnothaich aca.

Tha SDS ga riochdachadh air a' Chompairteachas Nàiseanta air Gàidhlig mar Stòras, air a bheil buidhnean poblach eile agus ùghdarrasan ionadail cuideachd a' suidhe, agus aig a bheil raon-ùghdarras a thaobh luach na Gàidhlig mar stòras eaconamach a thoirt am follais.

Cuiridh SDS air adhart buannachdan na Gàidhlig, agus daoine le sgilean Gàidhlig, gu luchd-fastaidh agus luchd-leasa eile. Nithear seo tro libhrigeadh fiosrachaidh, dol gu tachartasan luchd-fastaidh agus fòraman iomchaidh sam bith eile.

Àbhaisteachadh na Gàidhlig

Tha sinn a' tuigsinn gur ann tro a bhith a' cur an sàs na gnìomhan a chaidh aithneachadh sa Phlana againn as motha a chuireas sinn ris na Raointean Leasachaidh ann am Plana Nàiseanta Cànan na Gàidhlig (PNCG). Ach, tuigidh sinn cuideachd gun èirich cothroman airson an cànan a chur air adhart agus a leasachadh bho latha gu latha. Comharraichidh sinn suidheachaidhean far an gabh Gàidhlig a thoirt a-steach gu for-ghnìomhach, agus prìomhachasan PNCG a chur an sàs, air feadh na h-obrach againn san fharsaingeachd. Tha seo a' rèir a' phrionnsapal àbhaisteachaidh a tha ag amas air Gàidhlig a thoirt an lùib beatha làitheil na h-Alba.

Cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Leasachadh Sgilean na h-Alba

Rinn SDS suirbhidh air cànan na Gàidhlig am measg an luchd-obrach againn sa Ghearran 2016. Chuir an t-suirbhidh comharra-measaidh air ìre sgilean, aire air, agus ùidh ann an Gàidhlig air feadh na buidhne againn. Chaidh a dhealbh agus a libhrigeadh le Sgioba Luachaidh agus Rannsachaidh SDS, ann an co-bhonn leis an Oifigear Leasachaidh Gàidhlig. Bha gach freagairt gun urra, agus mar sin, cha ghabh daoine fa leth aithneachadh bho na toraidhean. Lìon còrr is 500 de luchd-obrach SDS an t-suirbhidh.

Cuidichidh toradh na suirbhidh seo SDS a' cruthachadh agus a' libhrigeadh sheirbheisean Gàidhlig a' dol air adhart, agus cuideachd ann an aithneachadh nan dòighean as èifeachdaich cothroman trèanaidh Gàidhlig a libhrigeadh airson luchd-obrach SDS.

Sheall suirbhidh cànan na Gàidhlig 2016 aig SDS:

- 16 sa cheud de luchd-obrach SDS as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn gu ìre
- 11 sa cheud as urrainn Gàidhlig a leughadh gu ìre
- 7 sa cheud as urrainn Gàidhlig a sgrìobhadh gu ìre.

Is ann san sgìre obrach ‘SDS a-Tuath’, a tha a’ gabhail a-steach sgìrean Ughdarras Ionadail Earra-Ghàidheal is Bhòid, nan Eilean Siar, na Gàidhealtachd, Moireibh, Arcaibh is Sealtainn, a tha a’ chuid as motha de luchd-labhairt, luchd-sgrìobhaidh agus luchd-leughaidh na Gàidhlig. Is e SDS a-Tuath an sgìre far as àirde an t-iartras airson sheirbheisean sa Ghàidhlig.

Nochd an t-suirbhidh cuideachd gu bheil ùidh mhòr sa Ghàidhlig air feadh SDS:

- tha ùidh aig còrr is dàrna leth (55%) de luchd-obrach SDS ann an seisean cànan na Gàidhlig a fhrithealadh
- thuir faisg air dàrna leth de luchd-obrach SDS (48%) gu robh ‘Ùidh Phearsanta’ aca ann a bhith ag ionnsachadh no a’ leasachadh sgilean cànan na Gàidhlig
- thuir mu thrìan (32%) de luchd-obrach SDS gu robh ùidh aca ann a bhith ag ionnsachadh no a’ leasachadh sgilean cànan na Gàidhlig ‘air Adhbhar Obrach’.

Faodar làn aithisg de Shuirbhidh Cànan na Gàidhlig SDS 2016 iarraidh agus gheibhear mineachadh nas mionaidiche air na toraidhean ann an [Eàrr-ràdh 1](#) den Phlana seo.


Nì sinn cinnteach gum bi fiosrachadh sònraichte a bhuineas ri mar a bhios sinn fhìn a’ cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach, leithid sheirbheisean eadar-theangachaidh, tabhann sheirbheisean dà-chànanach no obair còmhla ri sgoiltean FMG, air a chlàradh tron eagran seo den Phlana, agus gun tèid fhoillseachadh nuair a ghabhas sin a dhèanamh.

Am Plana Gàidhlig anns an Structar Chorporra

Tha dleastanas reachdail air SDS, mar a tha ga shònrachadh ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus tha Plana Corporra SDS 2015-2020 a’ toirt luaidh air uallach a thaobh na Gàidhlig. Ged a tha barrachd uallaich air cuid de dhaoine airson am Plana a chumail agus a chur an gnìomh, tha àite aig luchd-obrach SDS uile a thaobh gnìomhan a’ Phlana a libhrigeadh. Is e plana tar-buidhne a th’ anns A’ Phlana Ghàidhlig againn; agus, mar a chithear ann an Ìomhaigh 2, tha ro-innleachd agus poileasaidh taobh a-staigh agus a-muigh a’ toirt buaidh air, agus cuideachd, tha am Plana fhèin a’ toirt buaidh air dòighean-obrach na buidhne.

Ann an cruthachadh, ùrachadh agus dearcnachadh nam planaichean agus poileasaidhean eile againn, nì sinn cinnteach gum bidh buaidh sam bith a thig air a’ Ghàidhlig a rèir PNCG.

Ìomhaigh 2: Structar Corporra Leasachadh Sgilean na h-Alba



Dleastanas airson a' Phlana

Dh'aontaich ar n-Àrd-sgioba Riaghlaidh agus Buill ar Bùird ris a' Phlana seo. Tha am prìomh dhleastanas airson libhrigeadh a' Phlana air Ceannard SDS; Damien Yeates aig an àm seo. Is e an t-oifigear as àirde le dleastanas gnìomhach airson deasachadh, libhrigeadh agus dearcnachadh air a' Phlana Ghàidhlig againn Stiùiriche-obraichean SDS (Ceann a-Tuath); Anthony Standing aig an àm seo. Is e an t-oifigear le dleastanas airson obrachadh Plana Gàidhlig SDS bho latha gu latha Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig; Derek MacCoinnich aig an àm seo.

Innsidh SDS do luchd-obrach mun dleastanasan fon Phlana tro chonaltradh cunbhalach, shreath-stiùirichean agus choinneamhan sgioba. Cuideachd, nì SDS cinnteach gu bheil an fheadhainn a libhrigeas seirbheisean/bathar air ar son mothachail air, agus a' cumail ri, dealasan a' Phlana Ghàidhlig againn; tro a bhith a' sònrachadh an riatanais ann am pròiseas tairgseachaidh agus cùmhnantachaidh sheirbheisean agus bathair.

Bu chòir ceistean air obrachadh a' Phlana bho latha gu latha a chur air:

Derek MacCoinnich

Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

Leasachadh Sgilean na h-Alba

1-5 Sràid na h-Eaglaise

Inbhir Nis IV1 1DY

gaelic@sds.co.uk

Dealas do Amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha am Plana seo a' stèidheachadh prògram leasachaidh agus buileachaidh trì bliadhna do SDS rè na h-ùine 2017-2020. Tha SDS a' toirt fa-near Plana Nàiseanta Cànan na Gàidhlig 2012-2017 agus leagte air dèanamh cinnteach gun tèid a chur an sàs. Anns an earrainn seo, innsidh sinn ciamar a nì sinn sin.

Tha sinn mothachail gum bi Bòrd na Gàidhlig a' deasachadh PNCG ùr a thig ann an èifeachd ann an 2017. Bidh am PNCG ùr fo bhuaidh Achd an Fhoghlaim (Alba) agus is dòcha gum bi cinn-uidhe ùra agus/no cinn-uidhe atharraichte ann. Chaidh an dàrna eagra den Phlana againn a sgrìobhadh a rèir PNCG a th' ann an-dràsta agus na prìomhachasan aige. Nuair a tha PNCG ùr ri fhaighinn, nì sinn meòrachadh air dè, ma tha càil idir, a' bhuaidh a bhios aige air an obair againn fhìn.

Tha am Plana againn a' nochdadh dealas ar buidhne airson PNCG 2012-2017 agus a' cruthachadh ghnìomhan a bhuineas ri Raointean Leasachaidh PNCG far as motha a bhios buaidh. Is iad seo:

- foghlam: sgoiltean agus tidsearan
- foghlam: às dèidh an sgoil fhàgail
- coimhearsnachdan
- àite-obrach
- ealain agus meadhanan

Tha am fiosrachadh a leanas a' sònrachadh ciamar a chuireas sinn ri gach raon a tha seo.


Raon leasachaidh – foghlam: sgoiltean agus tidsearan

- [Lìbhrigeadh raon farsaing de chothroman do òigridh, an dà chuid ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, a bhith a' dol an sàs ann an gnothaichean a leasaicheas an sgilean Gàidhlig.](#)

Tha SDS airson sàr sheirbheisean Comhairle agus Stiùireadh mu Dhreuchdan (CIAG) a lìbhrigeadh anns gach àrd-sgoil ann an Alba airson taic a thoirt do leasachadh Sgilean Riaghladh Dreuchd (CMS) nan sgoilearan. Tha SDS a' cleachdadh dhòighean-obrach measgaichte gus seirbheisean CIAG a lìbhrigeadh a tha freagarrach do 'aois agus ìre' an luchd-dèiligidh agus freagarrach cuideachd do fheumalachdan gach neach fa leth. Aig cridhe ar solarachadh CIAG tha an t-seirbheis lìn [An Saoghal Obrach Agam](#). Rè ama a' Phlana seo, bidh sinn a' feuchainn ri Gàidhlig a thoirt an lùib ar seirbheisean CIAG do sgoilearan agus tidsearan. Chithear an caochladh sheirbheisean a tha sinn a' tabhann ann an sgoiltean ann an Ìomhaigh 3.

Iomhaigh 3: Tairgse Sgoile Leasachadh Sgilean na h-Alba

Leasachadh Sgilean na h-Alba Tairgse Sgoile



Raon leasachaidh - foghlam: às dèidh an sgoil fhàgail

- A' sgaoileadh inntigeachd gu, agus gabhail pàirt ann am, farsaingeachd de chothroman ionnsachaidh Gàidhlig do inbhich agus a' cur am meud an àireamh a ruigeas fileantachd.
- A' dèanamh cinnteach gu faigh inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig deagh ghoireasan.

Mar bhuidheann sgilean nàiseanta na h-Alba, tha sinn ann an suidheachadh gun samhail gus buannachdan sgilean Gàidhlig agus Dreuchdan Gàidhlig a chur air adhart do dhaoine a tha a' beachdachadh air foghlam às dèidh na sgoile, tro bhruiddhinn aghaidh-ri-aghaidh agus seirbheisean lìn CIAG. A thuilleadh air seo, is urrainn dhuinn cothroman ionnsachaidh Gàidhlig a leasachadh, a bhrosnachadh agus a chur air adhart, a' leigeil le luchd-labhairt na Gàidhlig eòlas obrach luachmhor agus teisteanasan fhaighinn aig an aon àm.

Cumaidh sinn oirnn a' sgaoileadh inntigeachd agus a' gabhail pàirt ann an cothroman ionnsachaidh Gàidhlig le bhith ag obair còmhla ri compàirtichean gus molaidhean 'Gàidhlig do Inbhich – Ro-innleachd Ionnsachaidh do Luchd-ionnsachaidh Inbheach ann an Alba' a thoirt air adhart.

Raon leasachaidh – coimhearsnachdan

- A' togail iomhaigh agus cleachdadh na Gàidhlig tro raon sheirbheisean meadhain-Ghàidhlig ann an sgìrean far a bheil 20% no barrachd den t-sluagh aig a bheil comas air choireigin sa Ghàidhlig
- A' cruthachadh barrachd shuidheachaidhean far am faod òigridh agus luchd-ionnsachaidh inbheach a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig gu neo-fhoirmeil.

Tha coimhearsnachdan aig cridhe soirbheachadh na Gàidhlig. Tha mòran de na h-àiteachan far a bheil co-roinn shusbainteach de luchd-labhairt na Gàidhlig rin lorg ann an coimhearsnachdan dùthchail far a bheil SDS ag obair. Cuiridh SDS am meud an raon sheirbheisean meadhain-

Ghàidhlig a tha rim faighinn ann an àiteachan den leithid agus cumaidh sinn oirnn a' nochdadh nam buannachdan agus an caochladh dhreuchdan a th' ann do daoine aig a bheil sgilean Gàidhlig.

Raon leasachaidh – àite-obrach

- A' togail aire mun Ghàidhlig am measg an luchd-obrach againn.
- A' tabhann trèanadh, mar a tha iomchaidh, gus an uiread sheirbheisean is chothroman fastaidh a tha rim faighinn a mheudachadh.
- A' cruthachadh dòigh-smaoineachaidh bhrosnachail mun Ghàidhlig san àite-obrach tro togail-aire agus soidhnichean.
- A' cur chothroman am meud do luchd-obrach gus Gàidhlig ionnsachadh agus do luchd-labhairt an sgilean cànan a leasachadh.
- A' cumail agus a' cur ri beothalachd cànan san àite-obrach, gu h-àraidh far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn le 20% no barrachd de dhaoine sa choimhearsnachd a tha ga fhrithealadh.
- A' cur air adhart fastadh luchd-labhairt na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil an cànan a' sìor fhàs nas faicsinnich agus ga chleachdadh san àite-obrach agus ann a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean don phoball.

Gus ar tairgse Ghàidhlig do luchd-dèiligidh a mheudachadh, bidh feum againn air luchd-obrach aig a bheil ìre fhreagarrach de chomas sa Ghàidhlig. Chùm SDS seiseanan Togail-aire mun Ghàidhlig aig deireadh 2013/tràth ann an 2014 ann an Dùn Èideann, Glaschu, Obar Dheadhain agus Inbhir Nis. Sheall an t-suirbhidh luchd-obrach 2016 a rinneadh airson a' Phlana seo gu bheil iarrtas ann airson tuilleadh sheiseanan, agus bidh sinn gan tabhann feadh SDS am-bliadhna. Thèid trèanadh a bharrachd a libhrigeadh do luchd-obrach far a bheil e iomchaidh. Bidh sinn cuideachd a' leasachadh ar goireasan lìn-a-staigh gus barrachd aire mun a' Ghàidhlig a thogail am measg an luchd-obrach againn.

Raon leasachaidh: ealain agus meadhanan

- A' cur cleachdadh na Gàidhlig am meud anns na h-ealain agus meadhanan air feadh na h-Alba.

Is e sgrìobhainn compàirteachais fo stiùir gnìomhachas a th' anns a' Phlana Tasgadh Sgilean (SIP) do Ghnìomhachasan Cruthachail na h-Alba, air a dhèanamh comasach le SDS às leth Riaghaltas na h-Alba. Bidh na Gnìomhachasan Cruthachail a' dèanamh £3.06billean gach bliadhna agus a' fastadh 68,500 neach air feadh na h-Alba. Tha rannsachadh a rinn lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE)¹ a' nochdadh gu bheil mòran obraichean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig anns na Gnìomhachasan Cruthachail. Thathas an dùil gum bi tuilleadh obrach san amharc air trusadh fiosrachadh Margaidh Cosnaidh Gàidhlig, a' daingneachadh cho cudromach 's a tha an roinn seo don Ghàidhlig.

Tha SDS air a bhith gnìomhach a' leasachadh agus a' toirt taic don roinn tro obair air pròiseactan leithid XpoNorth agus le bhith dripeil a' cur air adhart cothroman anns na Gnìomhachasan Cruthachail aig na tachartasan againn mu dhreuchdan Gàidhlig. Rè ama a' Phlana seo bidh sinn ag obair gus feartan Gàidhlig fhigh a-steach do eagrain sam bith san àm ri teachd den Phlana Tasgadh Sgilean nan Gnìomhachasan Cruthachail agus cuideachd gus Gàidhlig a thoirt an lùib ghnothaichean leithid XpoNorth ann an dòigh nas fheàrr. Tha sinn an dùil adhartas math a dhèanamh ann am buileachadh agus libhrigeadh Phreantasachdan Ùr-nòsach Gàidhlig.

¹ Ar Stòras Gàidhlig – Luach eaconamach is sòisealta na Gàidhlig (2014)

<http://www.hie.co.uk/community-support/support-for-gaelic-development/gaelic-research.html>

Adhartas gu ruige seo agus prìomhachasan san àm ri teachd

Mar thoradh air a' chiad eagraan den Phlana Ghàidhlig againn tha SDS air:

- goireasan lìn a chruthachadh gus dreuchdan Gàidhlig a thoirt am follais, gu h-àraidh tron làraich-lìn An Saoghal Obrach Agam. Faodaidh an làrach a-nis dreuchdan bàna a shealltainn aig a bheil ceangal air choireigin ris a' Ghàidhlig
- innealan Gàidhlig a stèidheachadh tron ghoireas lìn a-staigh againn 'Connect'
- fiosrachadh a thoirt do cho-obraichean tro Connect mu thachartasan no cùisean le ceangal don Ghàidhlig
- sreath thachartasan air dreuchdan Gàidhlig a chur air dòigh air feadh na dùthcha, a tha a-nis air a bhith a' ruith 3 bliadhna
- sreath thachartasan Aire mun Ghàidhlig a libhrigeadh do luchd-obrach air feadh na dùthcha
- stuthan sanasachd is taisbeanaidh a chruthachadh sa Ghàidhlig a sgaoil sinn do sgoiltean Gàidhlig, agus a sheall sinn aig tachartasan dhreuchdan agus tachartasan eile SDS
- airgead a thoirt, còmhla ri compàirtichean maoineachaidh eile, don Phrògram Ùlpan. Is e dòigh ionnsachaidh a th' ann an Ùlpan a chuireas cudrom air bruidhinn a' chàinain.
- branndadh dà-chànanach a chruthachadh agus a chleachdadh.

Tha sinn leagte air an dàrna eagraan den Phlana againn a libhrigeadh thar nan trì bliadhna ri thighinn agus bheir sinn air adhart gnìomhan sam bith bhon chiad Phlana a tha fhathast ri choileanadh no a dh'fheumas cumail a' dol. Is iad na prìomh ghnìomhan air am bi SDS a' cuimseachadh san dàrna eagraan den Phlana againn:

- a bhith air thùs ann an leasachadh Phreantasachdan Bunachaidh Gàidhlig, a' cleachdadh fhrèaman-obrach a th' ann mar-thà a tha gan libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, ann an raointean far a bheil feum orra aithnichte, leithid Slàinte agus Cùram Sòisealta agus Cùram-cloinne
- a bhith air thùs ann an leasachadh Phreantasachdan Ùr-nòsach Gàidhlig, a' cleachdadh fhrèaman-obrach a th' ann mar-thà a tha gan libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, ann an raointean far a bheil feum orra aithnichte, leithid Slàinte agus Cùram Sòisealta, Cùram-cloinne agus na Gnìomhachasan Cruthachail
- ar seirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgoiltean a leudachadh, a' cleachdadh ar luchd-obrach aig a bheil comas sa Ghàidhlig
- obair còmhla ri compàirtichean anns an fhrèam-obrach LMI, fo stiùir Bhòrd na Gàidhlig, gus am fiosrachadh as ùire a thrusadh mun mhargaidh cosnaidh Ghàidhlig, a rèir mholaidhean na Ro-innleachd air Ionnsachadh Gàidhlig Inbheach
- leasachadh susbainteach a thoirt air goireasan lìn Gàidhlig do sgoilearan agus tidsearan agus obair gus goireasan lìn Gàidhlig do sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a leudachadh mar a sgaoileas sinn ar stuthan didseatach do sgoilearan P5-P7
- dreuchdan Gàidhlig a chur air adhart ann an sreath thachartasan dhreuchdan air feadh na dùthcha
- cuideachadh leis an Ro-innleachd air Ionnsachadh Gàidhlig Inbheach a chur an gnìomh tro obair compàirteachais air feadh na dùthcha
- obair gu dlùth le Sabhal Mòr Ostaig agus Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA) gus stuthan Gàidhlig a chruthachadh
- obair còmhla ri HIE agus compàirtichean eile gus cur gu gnìomhach ris a' Chompàirteachas Nàiseanta air Gàidhlig mar Stòras
- togail aire mun Ghàidhlig taobh a-staigh SDS.

Dealasan Plana Gàidhlig SDS 2017 - 2020

Àrd-dhealasan

Chaidh na h-àrd-amasan a leanas a chomharradh mar prìomhachasan Leasachadh Sgìlean na h-Alba mar taic do Phlana Nàiseanta Cànain na Gàidhlig agus Cinn-uidhe Nàiseanta. Tha sinn leagte air na h-àrd-amasan seo a thoirt gu buil tro a bhith a' cur a' Phlana Ghàidhlig trì-bliadhna seo an gnìomh.

Ceann-uidhe ga mholadh (Àrd-amas 1) – Nochdaidh gach seirbheis agus goireas Gàidhlig spèis cho-ionnan eadar a' Ghàidhlig agus a' Bheurla. Bidh seirbheisean agus goireasan a gheibhear sa Ghàidhlig air an tairgsinn gu for-ghnìomhach.		
Geàrr-chunntas air an dòigh-obrach làthaireach – Tron chiad eagraan den Phlana Ghàidhlig, tha SDS air cur gu mòr ris na goireasan Gàidhlig aca. Tha barrachd obrach a dhìth san raon seo tron dàrna eagraan den Plana.		
Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Cur goireasan Gàidhlig SDS am meud tron dàrna eagraan den Plana Ghàidhlig	2017-2020	A h-uile roinn
Cùm a' dol a' sìor chur nan seirbheisean tron Ghàidhlig againn air adhart agus dèan cinnteach gu seall gach seirbheis agus goireas spèis cho-ionnan airson Gàidhlig agus Beurla.	2017-2020	A h-uile roinn

Ceann-uidhe ga mholadh (Àrd-amas 2) – Gach dealas a thoirt air adhart bho eagrain na bu tràithe de Phlana Gàidhlig SDS.		
Geàrr-chunntas air an dòigh-obrach làthaireach – tha dealasan leantaileach SDS bhon a' chiad eagraan den Phlana Ghàidhlig air an toirt air adhart don dàrna eagraan den Phlana.		
Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Dearcnaich air dealasan Plana gus dèanamh cinnteach gu bheil molaidhean leantaileach gan toirt air adhart don dàrna eagraan den Phlana.	2017	Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

Ceann-uidhe ga mholadh (Àrd-amas 3) – Rannsaich dè na duilleagan-lìn SDS agus goireasan eile as motha bhios muinntir a' phobaill a' cleachdadh agus cur iad ann an riochd dhà-chànanach, a' nochdadh spèis cho-ionnan airson Gàidhlig agus Beurla.		
Geàrr-chunntas air an dòigh-obrach làthaireach – chruthaich SDS goireasan lìn susbainteach rè a' chiad eagrain den Phlana agus tha sinn a-nis airson tuilleadh goireasan a leasachadh a rèir nan amasan againn.		
Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Rannsaich dè na goireasan lìn as motha bhios gan cleachdadh agus cruthaich brìgh Ghàidhlig mun cuairt seo.	2017-2020	Seirbheisean Didseatach & Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

Ceann-uidhe ga mholadh (Àrd-amas 4) – Cur am meud goireasan Gàidhlig do thidsearan a’ libhrigeadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh Gàidhlig.		
Geàrr-chunntas air an dòigh-obrach làthaireach – chan eil SDS air obair shònraichte a dhèanamh a thaobh seo roimhe.		
Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Obair còmhla ri sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-leasa eile gus goireasan a chur am meud do thidsearan a’ libhrigeadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh Gàidhlig.	2018	Obrachadh agus Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

Ceann-uidhe ga mholadh (Àrd-amas 5) – Leasaich An Saoghal Obrach Agam gus solar ghoireasan Gàidhlig a chur am meud.		
Geàrr-chunntas air an dòigh-obrach làthaireach – tha SDS air tomhas de bhrìgh Ghàidhlig a chruthachadh airson An Saoghal Obrach Agam tron a’ chiad eagraan den Phlana againn.		
Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Dèan sìor ùrachadh agus meudaich goireasan Gàidhlig air An Saoghal Obrach Agam rè ùine a’ Phlana.	2017-2020	Seirbheisean Didseatach

Ceann-uidhe ga mholadh (Àrd-amas 6) – Tro Phreantasachdan Ùr-nòsach, cur am meud fiosrachadh agus taic do ghnìomhachasan gus luchd-inntrigidh ùra agus luchd-obrach a th’ ann mar-thà a thrèanadh gu inbhean aithnichte le gnìomhachas, tro mheadhan na Gàidhlig agus ann an sgilean Gàidhlig.		
Geàrr-chunntas air an dòigh-obrach làthaireach – SDS ag obair an-dràsta le compàirtichean gus Preantasachdan Ùr-nòsach meadhain-Ghàidhlig a leasachadh. Bidh sinn cuideachd a’ leasachadh Phreantasachdan Bunachaidh tron dàrna eagraan den Phlana Ghàidhlig againn.		
Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Le compàirtichean, agus a’ cleachdadh nam frèaman-obrach a th’ ann mar-thà, leasaich Preantasachdan Ùr-nòsach a tha gan libhrigeadh agus gam measadh tro mheadhan na Gàidhlig, gu h-àraidh ann an raointean Cùram-cloinne, Slàinte agus Cùram Sòisealta agus na Gnìomhachasan Cruthachail.	2017-2020	Obair Trèanaidh Nàiseanta
Le compàirtichean agus luchd-leasa a’ cleachdadh nam frèaman-obrach a th’ ann mar-thà, leasaich Preantasachdan Bunachaidh a tha gan libhrigeadh agus gam measadh tro mheadhan na Gàidhlig, gu h-àraidh ann an raointean Cùram-cloinne agus Slàinte agus Cùram Sòisealta	2017-2020	Obair Trèanaidh Nàiseanta

Ceann-uidhe ga mholadh (Àrd-amas 7) – Gabh a-steach fiosrachadh a thaobh cothroman obrach Gàidhlig agus sligheachan dreuchd anns an t-seirbheis Sgilean Riaghladh Dreuchd (CMS) ann an sgoiltean. Airson phàrantan meadhain-Ghàidhlig, dèan cinnteach gun tèid am fiosrachadh seo a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig.		
Geàrr-chunntas air an dòigh-obrach làthaireach – Tha tuilleadh leasachaidh ga dhèanamh air ar goireasan lìn agus tachartasan Dreuchdan Gàidhlig, le sùil gu sgaoileadh air feadh na dùthcha.		
Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Dèan cinnteach gu bheil cothroman obrach Gàidhlig agus dreuchdan Gàidhlig air an toirt do	2017-2020	Seirbheisean Didseatach/

sgoiltean, agus cleachd luchd-obrach Gàidhlig SDS far a bheil sin comasach agus iomchaidh, gus an goireas seo a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig.		Obrachadh/Margaidheachd
---	--	-------------------------

Ceann-uidhe ga mholadh (Àrd-amas 8) – Obair ann an compàirt le ùghdarrasan poblach eile gus ro-innleachd fiosrachadh Margaidh Cosnaidh a dheasachadh, ag aithneachadh luach sgilean Gàidhlig air feadh na h-Alba; agus cur air dòigh fiosrachadh mu chinn-uidhe Gàidhlig.		
Geàrr-chunntas air an dòigh-obrach làthaireach – Cha deach fiosrachadh margaidh cosnaidh (LMI) Gàidhlig freagarrach a dheasachadh bho 2008. Tha SDS air fios a chur air luchd-leasa anns an Fhrèam-obrach Nàiseanta LMI a tha airson LMI Gàidhlig a thrusadh, mar a tha Riaghaltas na h-Alba.		
Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Obair còmhla ri luchd-leasa buntainneach gus fiosrachadh margaidh cosnaidh Gàidhlig a leasachadh.	2017/2018	Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig agus Sgioba Fiosrachadh Margaidh Cosnaidh

Ceann-uidhe ga mholadh (Àrd-amas 9) – Ann an compàirt le ùghdarrasan ionadail agus Luchd-leasa Foghlaim Gàidhlig eile, dèan barrachd leasachaidh air trèanadh agus comhairle dreuchd meadhain-Ghàidhlig.		
Geàrr-chunntas air an dòigh-obrach làthaireach – tha SDS leagte air an luchd-obrach Gàidhlig againn a chleachdadh gus comhairle mu dhreuchdan a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig. Chan eil mòran gnothaich air a bhith aig SDS, gu ruige seo, ann an leasachadh trèanadh meadhain-Ghàidhlig.		
Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Obair còmhla ri Luchd-leasa Foghlaim Gàidhlig gus barrachd leasachaidh a thoirt air trèanadh agus comhairle dreuchd meadhain-Ghàidhlig.	2017-2020	Obrachadh agus Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

Ceann-uidhe ga mholadh (Àrd-amas 10) – Neartaich faicsinneachd na Gàidhlig ann am brannadh agus aithne chorporra SDS, a’ gabhail a-steach an t-suaicheantais chorporra, brathan-cinn agus soidhnichean, a’ nochdadh spèis cho-ionnan airson Gàidhlig agus Beurla, agus air stuth ùr no ùraichte.		
Geàrr-chunntas air an dòigh-obrach làthaireach – tha SDS air obair rè ùine a’ chiad eagrain den Phlana againn gus Gàidhlig a neartachadh nar brannadh agus aithne, agus tha sinn air marke SDS dà-chànanach a dheasachadh a fhuair aonta Bhòrd na Gàidhlig (BNG). Rè an dàrna eagrain den Phlana nì sinn cinnteach gun cùm an obair seo a’ dol agus gu bheil faicsinneachd agus ìomhaigh na Gàidhlig air a thogail nas àirde.		
Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Dèan ath-bhreithneachadh air soidhnichean agus brannadh Gàidhlig.	2017-2020	Margaidheachd agus Goireasan

Ceann-uidhe ga mholadh (Àrd-amas 11) – Lìbhrig prògram trèanaidh leantail each do luchd-obrach SDS ann an sgìlean cànan na Gàidhlig agus Aire mun Ghàidhlig. Mar phàirt den obair seo, lìbhrig trèanadh air Aire mun Ghàidhlig do àrd-mhanaidsearan.		
Geàrr-chunntas air an dòigh-obrach làthaireach – ruith SDS seiseanan Aire mun Ghàidhlig anns a' chiad 12-18 mìos den chiad Phlana Ghàidhlig againn agus ruithidh sinn seiseanan air feadh 2017.		
Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Lìbhrig Seiseanan Aire mun Ghàidhlig do luchd-obrach agus àrd-mhanaidsearan rè na bliadhna ri thighinn agus dèan tuilleadh leasachaidh air goireasan air-loidhne eile air sgìlean cànan agus aire.	2017/2020	Conaltradh A-staigh agus Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig
A' togail air Seiseanan Aire mun Ghàidhlig dèan suirbhidh sgìlean Gàidhlig gus faighinn a-mach dè an t-iarrrtas a th' ann airson tuilleadh sheiseanan trèanaidh Gàidhlig taobh a-staigh SDS. Dèan cinnteach gun tèid toraidhean uimhreachadh agus a thomhas gus am bi leasachadh luchd-obrach air a chuimseachadh gu h-èifeachdach.	2017-2020	Conaltradh A-staigh agus Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

Ceann-uidhe ga mholadh (Àrd-amas 12) – Bidh a' sìor chur Plana Gàidhlig SDS am follais taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne.		
Geàrr-chunntas air an dòigh-obrach làthaireach – SDS ag innse do luchd-obrach gu cunbhalach mu ghnìomhan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig. Am Plana Gàidhlig ga chur air aire cho-obraichean agus mar a tha e na phàirt de dh-leastanasan reachdail SDS.		
Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Cuir am Plana Ghàidhlig againn am follais rè nan trì bliadhna aige.	2017-2020	Conaltradh A-muigh/A-staigh agus Oifis Chorporra

Dealasan Ìre Seirbheis

Tha Bòrd na Gàidhlig air còig prìomh raointean lìbhrigeadh seirbheis a chomharradh air a bheil e airson gun toir buidhnean poblach, SDS nam measg, aire nuair a tha iad a' deasachadh Phlanaichean:

- **Faicsinneachd**
- **Luchd-obrach**
- **Obrachadh làitheil**
- **Conaltradh**
- **Corpas**

Cuiridh SDS cleachdadh na Gàidhlig air chomas, agus bheir iad taic dha, anns na prìomh raointean gu h-àrd, gus ìomhaigh agus faicsinneachd na Gàidhlig a thogail na ghnìomhan gnothaich agus ann an lìbhrigeadh a sheirbheisean. Tha na Dealasan Ìre Seirbheis againn, a tha ag innse ciamar a nì sinn seo rè ùine an dàrna eagraim den Phlana againn, gan sònrachadh gu h-ìosal.

Faicsinneachd

Le Gàidhlig san ìomhaigh chorporra agus ann an soidhnichean aig ùghdarras poblach, thathar a' cur gu mòr ri follaiseachd a' chànain, ris an inbhe a tha aice agus a' cur an cèill mun luach a tha air a' Ghàidhlig agus mar a thathar ga h-aithneachadh. Ann a bhith a' leasachadh cleachdadh na Gàidhlig, faodar cur ri briathrachas luchd-labhairt na Gàidhlig cuideachd, ris an aire a bheir am poball don chànain agus cuideachadh gus a leasachadh.

Tha sinn mothachail air cho cudromach's a tha e a bhith a' leudachadh faicsinneachd na Gàidhlig agus a h-inbhe a thogail, agus tha sinn leagte air taic a chur ris an amas seo.

Ceann-uidhe ga mholadh Àbhaisteachadh faicinn agus cluinntinn na Gàidhlig mar phrìomh phàirt de fhèin-aithne agus soidhnichean Leasachadh Sgilean na h-Alba		
Geàrr-chunntas den dòigh-obrach làthaireach Tha obair air a bhith a' leantainn air seo rè a' chiad eagrain de Phlana Gàidhlig SDS		
Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Leasaich branndadh làn dhà-chànanach a' gabhail a-steach suaicheantas cho luath 's a thachras ath-bhrannndadh	Leantaileach	Margaidheachd
Cùm oirnn a' foillseachadh sgrìobhainnean corporra (m.e. am Plana Corporra agus am Plana Obrachaidh againn, gu dà-chànanach.	Leantaileach	Margaidheachd
Thoir a-steach soidhnichean SDS Gàidhlig-Beurla nuair a thèid seann soidhnichean ùrachadh, agus/no ma thachras ath-bhrannndadh nàiseanta, le prìomhachas ann an sgìrean far a bheil co-dhiù 20% den t-sluagh a' cleachdadh na Gàidhlig.	Leantaileach	Margaidheachd/Goireasan

Luchd-obrach

Gus seirbhisean a libhrigeadh tron Ghàidhlig, feumar na sgilean obrach agus cànanan a dh'fheumas an luchd-obrach a leasachadh. Cuiridh cothroman ionnsachadh cànanan airson luchd-obrach ri adhartachadh ionnsachadh Gàidhlig inbheach, agus ri adhartachadh Gàidhlig mar sgil fheumail anns an àite-obrach. Cuiridh comharrachadh obraichean anns a bheil Gàidhlig na sgil ainmichte gu mòr ri inbhe a' chànain, agus ri comharrachadh gur e sgil fheumail a tha innte.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasan-obrach cuideachd a' nochdadh gum bu chòir a' Ghàidhlig a chleachdadh anns a' bheatha phoblach agus gu bheil i cudromach do ùghdarrasan poblach. Tha sinn a' tuigsinn gur i sgil obrach chudromach a th' anns a' Ghàidhlig. Tha sinn cuideachd a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e suidheachaidhean a chomharrachadh far a bheil i riatanach no feumail san àite-obrach agus cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt cothrom do luchd-obrach an sgilean Gàidhlig a leasachadh ma tha iad ag iarraidh sin a dhèanamh.

Ceann-uidhe ga mholadh

Leasachadh Sgilean na h-Alba a' dèanamh ath-bhreithneachadh air a' phoileasaidh fastaidh againn gus àireamh an luchd-obrach aig a bheil sgilean Gàidhlig a chur am meud.

Geàrr-chunntas den dòigh-obrach làthaireach

Tha aon dreuchd aig SDS an-dràsta far a bheil Gàidhlig ga meas riatanach agus chaidh dreuchdan eile a shanasachadh sam biodh Gàidhlig feumail.

Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Dèan cinnteach gu bheil poileasaidh fastaidh SDS ag aithneachadh na Gàidhlig mar feart a tha riatanach/feumail, gu h-àraidh ann an sgìrean far a bheil 20% den t-sluagh a' cleachdadh na Gàidhlig.	2017/2020	Sgiobachd
Dèan cinnteach gu bheil poileasaidh fastaidh SDS ag aithneachadh na Gàidhlig mar sgil a tha riatanach/feumail ann an dreuchdan Obrachadh Roinneil, gu h-àraidh ann an sgìrean far a bheil 20% den t-sluagh a' cleachdadh na Gàidhlig.	2017/2018	Sgiobachd
Dèan cinnteach gun tèid dreuchdan a shanasachadh gu dà-chànanach nuair a tha tomhas de sgilean Gàidhlig gan iarraidh annta.	2017/2018	Sgiobachd
Leasaich poileasaidhean trusadh agus taghadh dà-chànanach iomchaidh a ghabhas a chur an sàs ann an sgìrean far a bheil 20% den t-sluagh a' cleachdadh na Gàidhlig.	2017/2018	Sgiobachd

Ceann-uidhe ga mholadh

Cothrom aig luchd-obrach SDS air Gàidhlig ionnsachadh ma tha sin freagarrach don dreuchd aca. Cothrom aig luchd-obrach seiseanan Aire mun Ghàidhlig a fhrithéaladh agus toirt fiosrachadh don luchd-obrach uile air tachartasan agus leasachadh a bhuineas don Ghàidhlig tro na meadhanan fiosrachaidh làithreach againn

Geàrr-chunntas den dòigh-obrach làthaireach

Aig an àm seo, chan eil co-obraichean SDS a' faighinn cothrom gu leòr air Gàidhlig ionnsachadh. Tha barrachd obrach a dhìth sa chùis seo, gu h-àraidh don fheadhainn a tha ag obair gu dlùth le sgoiltean aig a bheil Gàidhlig sa churraicealam agus/no a tha ag obair còmhla ri luchd-fastaidh ann an sgìrean far a bheil 20% den t-sluagh a' cleachdadh na Gàidhlig. Tha cuairt eile de sheiseanan aire agus tachartasan Gàidhlig eile san amharc agus thèid an cur air adhart air feadh na buidhne tro chonaltradh a-staigh.

Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Thoir fiosrachadh do luchd-obrach SDS gu cunbhalach mu thachartasan Gàidhlig agus cothroman ionnsachaidh tro ghoireasan lìn SDS.	Leantaileach	Conaltradh/Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig
Thoir cothroman do luchd-obrach seiseanan Aire mun Ghàidhlig a fhrithéaladh.	2017-2020	Conaltradh/Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig
Brosnaich luchd-obrach gus an sgìlean Gàidhlig a leasachadh mar phàirt den Plana Leasachaidh Pearsanta, ma tha sgìlean Gàidhlig a' buntainn ris an dreuchd aca.	2017/2018	A h-uile roinn/Sgiobachd
Cuir Plana Gàidhlig SDS mun cuairt don luchd-obrach uile agus luchd-leasa buntainneach.	Leantaileach	Conaltradh/Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig
Dèan cinnteach gu bheil an luchd-obrach gu lèir mothachail air Innealan Gàidhlig SDS.	2017	Conaltradh/Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

Obair Làitheil

Tha cleachdadh na Gàidhlig anns a' chiad chonaltradh eadar muinntir a' mhòr-shluaigh agus ùghdarras poblach aghaidh-ri-aghaidh, tron phost, post-d agus fòn a' dèanamh na Gàidhlig nas follaisiche don t-sùil agus don chluais, agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh air a' Ghàidhlig comasach agus di-beathte. A thuilleadh air ìomhaigh a' chànain a thogail tha seo a' cruthachadh chothroman far an tèid a cleachdadh, agus a' brosnachadh muinntir an t-sluaigh gus a cleachdadh an ath thuras a dhèiligeas iad ris an ùghdarras phoblach.

Ma tha a' Ghàidhlig ri fhaicinn ann an raon farsaing de fhoirmean dà-chànanach agus foirmean le Gàidhlig a-mhàin, faodar faicsinneachd is cliù a' chànain a neartachadh gu mòr. Faodaidh deasachadh fhoirmean, thagraidhean agus sgrìobhainnean den leithid sa Ghàidhlig, cuideachadh le briathrachas na Gàidhlig a leudachadh agus aire luchd-labhairt na Gàidhlig a thogail gu bheil a leithid sin de bhriathrachas ann, agus san dòigh sin, an cànan fhèin a leasachadh.

Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach's a tha e a bhith a' cruthachadh chothroman airson Gàidhlig a chleachdadh ann an iomadh seòrsa suidheachadh làitheil agus leagte air solarachadh a mheudachadh san raon seo.

Ceann-uidhe ga mholadh Tha Leasachadh Sgilean na h-Alba a' cur fàilte air conaltradh fòn sa Ghàidhlig.		
Geàrr-chunntas den dòigh-obrach làthaireach Nì SDS cinnteach, ma tha cuideigin airson bruidhinn air a' fòn rinn sa Ghàidhlig, gun tèid neach-obrach freagarrach a lorg a bhruidhneas riutha.		
Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Dèan cinnteach, ma tha e comasach dhuinn, gu faigh daoine air bruidhinn air a' fòn sa Ghàidhlig ri aon den luchd-obrach againn mas e sin a dh'iarraas iad, no gu fònaig neach-obrach le Gàidhlig air ais thuca taobh a-staigh 24 uairean a thìde.	2017-2020	Goireasan
Cleachd teachdaireachdan dà-chànanach air teachdaireachdan fàilte ann an ionadan far a bheil luchd-labhairt na Gàidhlig ag obair agus ann an sgìrean far a bheil 20% den t-sluagh a' cleachdadh na Gàidhlig.	2017-2020	Goireasan
Brosnaich agus cuidich luchd-obrach aig a bheil sgilean Gàidhlig gus teachdaireachdan fàilte dà-chànanach a chur air a' fòn aca.	2017-2020	Goireasan

Ceann-uidhe ga mholadh

Tha SDS a' cur fàilte air, agus a' dèanamh, conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig.

Geàrr-chunntas den dòigh-obrach làthaireach

Tha SDS a' brosnachadh luchd-dèiligidh aig a bheil Gàidhlig agus muinntir a' phobaill fios a chur oirnn sa Ghàidhlig agus tha dòigh-obrach againn an sàs gus dèanamh cinnteach gum faigh conaltradh sa Ghàidhlig freagairt sa Ghàidhlig. Bidh Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig tric a' faighinn agus a' freagairt conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig.

Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Ann an sgìrean far a bheil 20% den t-sluagh a' cleachdadh na Gàidhlig, dèan cinnteach gun urrainn do cho-obraichean dèiligeadh ri muinntir a' phobaill a tha airson Gàidhlig a chleachdadh.	2017-2020	Obrachadh/ Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig
Dèan cinnteach gu faigh post agus post-d Gàidhlig freagairt sa Ghàidhlig.	Leantaileach	Gnothaichean Corparra/Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig
Brosnaich a h-uile co-obraiche gus sgrìobhadh-ainm dà-chànanach a chur air post-d.	Leantaileach	Margaidheachd
Cleachd seòladh dà-chànanach ann an ionadan SDS far a bheil mòran Gàidhlig ga cleachdadh.	2017-2020	Gnothaichean Corparra/Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig
Cleachd brathan-àichidh fèin-fhreagairt dà-chànanach air post-d ann an sgìrean far a bheil mòran Gàidhlig ga cleachdadh.	2017-2020	Gnothaichean Corparra/Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

Conaltradh

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an stuth clò-bhuailte, anns na meadhanan agus air loidhne a' cur ri follaiseachd na Gàidhlig agus ag àrdachadh inbhe a' chànain le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean iomraiteach, agus faodaidh e cuideachadh gus briathrachas ùr a chruthachadh agus briathrachas a th' ann mar-thà a dhaingneachadh. Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' sealltainn gu bheil ùghdarras poblach airson fiosrachadh cudromach a thoirt seachad tron Ghàidhlig. Mar a tha barrachd dhaoine a' faighinn fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraich-lìn aca, is ann a bhios cleachdadh na Gàidhlig air an lìon a' cur gu mòr ri inbhe agus faicsinneachd a' chànain.

Tha sinn leagte air cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud san obair conaltraidh againn far a bheil ùidh mhòr aig a' phoball sa chuspair, no far am buin e do chùisean Gàidhlig gu sònraichte.

Ceann-uidhe ga mholadh		
Àbhaisteachadh faicsinneach na Gàidhlig mar phrìomh phàirt de chonaltradh Leasachadh Sgìlean na h-Alba a-muigh agus a-staigh.		
Geàrr-chunntas den dòigh-obrach làthaireach		
Bidh SDS, far a bheil e comasach, a' lìbhrigeadh agallamhan agus brathan-naidheachd Gàidhlig agus a' dèanamh bhidiothan Gàidhlig.		
Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Ann an sgìrean far a bheil 20% den t-sluagh a' cleachdadh na Gàidhlig, deasaich brathan-naidheachd dà-chànanach airson tachartasan a bhuineas don Ghàidhlig.	2017	Conaltradh
Libhrig neach-labhairt Gàidhlig airson agallamhan Gàidhlig ma tha sin comasach.	2017	Conaltradh
Dèan cinnteach gu bheil neach-labhairt na Gàidhlig ri fhaighinn air loidhne-cuideachaidh nan Toraidhean Deuchainn.	2017	Conaltradh
Leasaich cleachdadh na Gàidhlig ann an ioma-meadhan SDS agus dèan bhidiothan dà-chànanach.	2017/2018	Conaltradh

Ceann-uidhe ga mholadh

Leasachadh Sgilean na h-Alba a' dèanamh fhoillseachaidhean agus sanasachd Gàidhlig.

Geàrr-chunntas den dòigh-obrach làthaireach

Rinn SDS grunn stuthan Gàidhlig rè a' chiad eagrain den Phlana againn agus tha sinn an-dràsta ag ùrachadh stuthan margaidheachd agus bùird taisbeanaidh.

Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Dèan fhoillseachaidhean corporra dà-chànanach.	Leantaileach	Margaidheachd/Conaltradh
Ùraich stuthan margaidheachd sa Ghàidhlig nuair a thig feum orra, airson sgaoileadh ann an sgoiltean Gàidhlig. Air adhbhar àbhaisteachaidh, cleachd na stuthan sin aig tachartasan far a bheil sgoilearan nach eil ann am FMG an làthair, le prìomhachas air sgìrean far a bheil 20% den t-sluagh a' cleachdadh na Gàidhlig.	2017/2018	Margaidheachd
Meudaich faicsinneachd na Gàidhlig thar stuthan margaidheachd SDS uile.	2017/2018	Margaidheachd

Ceann-uidhe ga mholadh

Meudaich faicsinneachd na Gàidhlig tro ghoireasan air-loidhne Leasachadh Sgilean na h-Alba a-staigh agus a-muigh.

Geàrr-chunntas den dòigh-obrach làthaireach

Tha SDS air adhartas a dhèanamh san raon seo, agus tha sinn an dùil na goireasan lìn againn ùrachadh agus brìgh shusbainteach sa Ghàidhlig a chur riutha rè an dàrna eagrain den Phlana againn.

Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Libhrig brìgh iomchaidh ann an goireasan lìn SDS sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.	2017-2020	Seirbheisean Didseatach
Sgrùdaich agus ùraich brìgh nan duilleagan Gàidhlig anns na goireasan lìn againn gu cunbhalach.	2017-2020	Seirbheisean Didseatach
Dearcnaich air an àireamh thadhalan air duilleagan Gàidhlig, agus cùm sùil air gnìomhan an luchd-dèiligidh a dh'fhaicinn dè na duilleagan as tarrangaiche airson ùrachadh agus eadar-theangachadh gus an tèid brìgh Ghàidhlig a thoirt a-steach mean air mhean do na duilleagan Beurla as motha bhios daoine a' tadhal.	2017-20	Seirbheisean Didseatach
Meudaich brìgh sa Ghàidhlig mu dhreuchdan air an làraich-lìn An Saoghal Obrach Agam.	2017-2020	Seirbheisean Didseatach
Meudaich an uiread Gàidhlig air meadhanan sòisealta.	2017-2020	Margaidheachd
Obair gus dèanamh cinnteach gu bheil cuid den tairgse ùr Sheirbheisean Didseatach a tha ga dhèanamh do sgoilearan Bun-sgoile P5 – P7 ri fhaighinn sa Ghàidhlig do sgoilearan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.	2017	Seirbheisean Didseatach

Ceann-uidhe ga mholadh

Àbhaisteachadh faicsinneach na Gàidhlig mar phrìomh phàirt de dh'obair Leasachadh Sgìlean na h-Alba.

Geàrr-chunntas den dòigh-obrach làthaireach

Rè a' chiad eagrain den Phlana, rinn SDS stuthan taisbeanaidh Gàidhlig agus chuir sinn sreath thachartasan Gàidhlig air dòigh. Tha stuthan gan ùrachadh mar a thig feum air.

Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Libhrig agus ùraich stuthan taisbeanaidh dà-chànanach nuair a tha iad gan dèanamh no gan ùrachadh.	2017-2020	Margaidheachd
Meudaich ar làthaireachd aig tachartasan meadhain-Ghàidhlig leithid Dreuchdan Gàidhlig, tachartasan luchd-fastaidh agus tachartasan eile nuair a tha sin iomchaidh.	2017-2020	Margaidheachd

Corpas

Tha leasachadh air Gnàthachas Litreachadh ùr na Gàidhlig do-sheachanta airson soirbheachadh na Gàidhlig ann an Alba. Tha obair Bhòrd na Gàidhlig a dh'ionnsaigh inbhe càileachd san raon seo a' leigeil le briathrachas agus ìrean cànan ùra a thighinn am follais sa Ghàidhlig, a' nochdadh barrachd cunbhalachd, buntainneachd agus a' sìor leasachadh a' chànain.

Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cumail ri gnàthachas litreachaidh gus an cànan a leasachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil i freagarrach do gach feum agus ann an uiread shuidheachaidhean sa bheil i ga chleachdadh.

Ceann-uidhe ga mholadh

Cumaidh Leasachadh Sgìlean na h-Alba taic do Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig.

Geàrr-chunntas den dòigh-obrach làthaireach

Tha SDS a' dèanamh cinnteach gu bheil eadar-theangachadh a rèir a' ghnàthachas litreachaidh as ùire.

Gnìomhan rin coileanadh	Ceann-latha	Oifigear/roinn le uallach
Cumaidh SDS a' dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean eadar-theangachaidh a tha gam fastadh ag obair a rèir a' ghnàthachas litreachaidh as ùire.	Leantaileach	Co-ionannachd/ Solarachadh/Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

Buileachadh agus Dearcnachadh

Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig ann an èifeachd gu foirmeil rè trì bliadhna bhon latha a fhuair e aonta Bhòrd na Gàidhlig. Mus bi an t-àm seo seachad nì SDS ath-bhreithneachadh air a' Phlana, ga atharrachadh mar a tha iomchaidh, agus ga chur don Bhòrd airson aonta.

Tha sinn air na cinn-latha a shònrachadh nuair a tha sinn an dùil dealasan sònraichte a bhuileachadh anns an earrainn gu h-àird.

Togail Aire mun Phlana

Thèid am Plana Gàidhlig againn fhoillseachadh gu dà-chànanach air ar làraich-lìn chorporra. A thuilleadh air sin, bidh sinn:

- a' cur a-mach brath-naidheachd dà-chànanach a' gairm aontachadh agus foillseachadh a' Phlana
- a' cur agallamhan mheadhanan air dòigh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla
- ag innse do luchd-obrach agus luchd-leasa mun Phlana ùr agus ciamar a gheibh iad e
- ag iarraidh air luchd-leasa agus compàirtichean obair còmhla ri SDS gus na gnìomhan sa Phlana a thoirt gu buil
- a' togail aire mun Phlana air meadhanan sòisealta.

Seirbheisean gan Lìbhrigeadh le Buidhnean Eile

Tha notaichean stiùiridh aig SDS mu a dhleastanasan airson gach buidhne a bhios a' lìbhrigeadh sheirbheisean às ar leth. Innsidh SDS do a chompàirtichean, luchd-leasa agus luchd-solair tro ar cumhaichean cùmhnaint.

Maoineachadh a' Phlana


Tha, no bidh, a' mhòr-chuid de ghnìomhan ainmichte sa Phlana seo air an toirt a-steach agus air am maoineachadh tro bhuidseat SDS le aonta an luchd-urrais, Riaghaltas na h-Alba. Faodar maoineachadh a shireadh bhon taobh a-muigh airson phròiseactan fa leth leithid stuthan sanasachd Gàidhlig a dhèanamh agus goireasan Gàidhlig a bharrachd airson ionnsachadh agus togail-aire luchd-obrach.

Deircneachadh air Buileachadh a' Phlana


Bidh sinn a' dearcnachadh air cur an gnìomh a' Phlana tro aithris chunbhalach do Àrd Sgioba Riaghlaidh SDS agus cuiridh sinn cuideachd aithisg dearcnachaidh bhliadhnail gu Bòrd na Gàidhlig.

Eàrr-ràdh 1: Suirbhidh Ghàidhlig Luchd-obrach SDS

Gu dè an uiread as urrainn dhut Gàidhlig a bhruidhinn? – A rèir Roinne




Gu dè an uiread as urrainn dhut Gàidhlig a leughadh? – A rèir Roinne




1 Chan urrainn toraidhean na roinne 'Gun roinn stèidhichte' a shealltainn airson gu bheil am meud sampail ro bheag


Gu dè an uiread as urrainn dhut Gàidhlig a sgrìobhadh? – A rèir Roinne




Dè cho tric 's a chleachdas tu Gàidhlig nuair a tha thu ag obair còmhla ri luchd-dèiligidh agus/no compàirtichean agus luchd-leasa? – A rèir Roinne



Am bu toil leat a dhol gu seisean Aire mun Ghàidhlig? – Luchd-obrach uile (n=502)



Am bu toil leat cothrom a ghabhail beagan Gàidhlig ionnsachadh no fàs nas fileanta sa Ghàidhlig? – Luchd-obrach Uile



Eàrr-ràdh 2: Mapa Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) ann an Alba

